



Institiùd OGE nam Mìle Bliadhna

BA Cànan Is Cultar/Gàidhlig Is Iomall a' Chuain Siar
An Cùrsa Comais

Comas Conaltraidh B (Pàipear 1)

Deuchainn Deireannach

Diciadain, 19 An Cèitean, 2004

Uair 10.00 - 12.00

**Fiosrachadh: Tha naoi ceistean anns an deuchainn.
Bu chòir dhuibh a h-uile ceist a fhreagairt.
Chan fhaod sibh faclairean a chleachdadh.
Sgrìobhaibh ur freagairtean air na duilleagan seo.**

1. Seo na freagairtean air dusan ceist. Leugh iad agus dèan an *Obair*.

- a. Cuiridh. Cuiridh Iain fios air an dotair anns a' mhadainn aig an taigh.
- b. Sgrìobhaidh. Sgrìobhaidh athair na cloinne litir a-nochd anns an oifis.
- c. Ithidh. Ithidh Anna a bracaist aig ochd uairean a-muigh anns an lios.
- d. Falbhaidh. Falbhaidh am bus a dh'Inbhir Nis uaireigin feasgar.
- e. Gheibh. Gheibh Mairead na ticeadan anns an oifis aig trì uairean.
- f. Cluinnidh. Cluinnidh iadsan a' chlann a' seinn anns an sgoil a-màireach.
- g. Choisich. Choisich an luchd-turais anns na beanntan a bhòn-dè.
- h. Lorg. Lorg Uilleam a' chaora an-dè air a' mhointich.
- i. Dh'ith. Dh'ith an tè bheag an t-aran 's an càise aig an taigh nuair a dh'èirich i.
- l. Dh'fhosgail. Dh'fhosgail a' bhùth ùr anns a' bhaile Diciadain.
- m. Rug. Rug a' chlann air an trèana feasgar anns an Òban.
- n. Chunnaic. Chunnaic Mòr an dealbh-chluiche Dihaoine ann an talla a' bhaile.

Obair

Sgrìobh trì ceistean dha gach freagairt anns na beàrnan fodha: ceist a' faighneachd an tachair no an do thachair an rud, ceist a' faighneachd *cuin* agus ceist a' faighneachd *càite*. Na sgrìobh na freagairtean a-rithist. Mar eisimpleir:

Nì. Nì Seumas am biadh a-nochd aig an taigh.

> *An dèan* Seumas am biadh?

Cuin a nì Seumas am biadh?

Càite an dèan Seumas am biadh?

a. Iain fios air an dotair?

Cuin Iain fios air an dotair?

Càite Iain fios air?

b. athair na cloinne litir?

Cuin an athair an litir?

Càite e i?

c. Anna a bracaist?

Cuin Anna a bracaist?

Càite i a bracaist?

d.am bus an-diugh?

Cuin am bus?

Càite am bus?

1. e. Mairead na ticeadan?
 Cuin ise na ticeadan?
 Càite i na ticeadan?
- f. iadsan a' chlann a' seinn?
 Cuin iad a' chlann a' seinn?
 Càite iad a' seinn iad?
- g. an luchd-turais an t-seachdain sa idir?
 Cuin iad?
 Càite iad?
- h. Uilleam a' chaora?
 Cuin e a' chaora?
 Càite e i?
- i. an tè bheag an t-aran is an càise?
 Cuin i sin?
 Càite i e?
- l. a' bhùth ùr fhathast?
 Cuin a' bhùth?
 Càite i?
- m. a' chlann air an trèana?
 Cuin iad air?
 Càite iad air?
- n. Mòr an dealbh-chluiche fhathast?
 Cuin Mòr an dealbh-chluiche?
 Càite i i?

2. Leugh an earrann seo. Tha i air a sgrìobhadh anns an tràth theachdail (tha sin a' ciallachadh nach do thachair càil fhathast ach gun tachair e a dh'aithghearr).

Togaidh Màiri agus Calum taigh ùr as t-fhoghar. Cuiridh iad trì seòmraichean-cadail ann. Nì Calum fhèin tòrr den obair ach cuidichidh a bhràthair leis an taobh a-staigh. Reicidh iad taigh athair Màiri, far a bheil iad, ach fàgaidh iad pàirt den chroit aig Seonaidh, am mac. Pòsaidh esan a leannan sa Bhliadhn' Ùir. Ullaichidh Calum is Màiri seann taigh a phàrantan-san agus falbhaidh Seonaidh a dh'fhuireach ann. Lìonaidh iad fhèin seòmraichean an taighe ùir leis an àirneis a bh' aca mar-thà agus, mar sin, cha chosg iad cus airgid air an obair.

- a. Sgrìobh an earrann a-rithist anns an tràth chaithte. Mar eisimpleir, an àite "Togaidh Màiri agus Calum taigh ùr..." sgrìobh "Thog Màiri agus Calum taigh ùr...", agus mar sin air adhart. Sgrìobh na facail ùra anns na beàrnan.

..... Màiri agus Calum taigh ùr as t-fhoghar. iad trì seòmraichean-cadail ann. Calum fhèin tòrr den obair ach a bhràthair leis an taobh a-staigh. iad taigh athair Màiri, far iad, ach iad pàirt den chroit aig Seonaidh, am mac. esan a leannan sa Bhliadhn' Ùir. Calum is Màiri seann taigh a phàrantan-san agus Seonaidh a dh'fhuireach ann. iad fhèin seòmraichean an taighe ùir leis an àirneis a bha aca mar-thà agus, mar sin, cha iad cus airgid air an obair.

(6 comharra)

- b. Sgrìobh an earrann aon turas eile ag ràdh gu bheil a h-uile càil a' dol a thachairt. Mar eisimpleir, an àite "Togaidh Màiri agus Calum taigh ùr..." sgrìobh "Tha Màiri agus Calum a' dol a thogail taigh ùr..." agus mar sin air adhart.

.....

(12 comharra)

3. Tha fear a' falbh on taigh greiseag agus tha e air liosta a sgrìobhadh de na rudan a th' aige ri dhèanamh mus falbh e. Leugh na seantansan a leanas.

1. Cuir fòn gu fear a' bhainne.
2. Ruith gu taigh Catrìona leis a' chat.
3. Ullaich ceapairean airson an trèana.
4. Fosgail uinneag shuas an staidhre beagan.
5. Thoir bion an sgudail a-mach chun a' gheata.
6. Innis dhan phost.
7. Can "tioraidh" ri Magaidh.

a. Sgrìobh an liosta a-rithist ag ràdh gum bi an duine a' dèanamh a h-uile rud.

Mar eisimpleir: Dèan biadh > *Bidh mi a' dèanamh biadh.*

1.
2.
3.
4.
5.
6.
7.

b. Sgrìobh an liosta a-rithist ag ràdh gu bheil an duine air a h-uile rud a dhèanamh.

Mar eisimpleir: Dèan biadh > *Tha mi air biadh a dhèanamh.*

1.
2.
3.
4.
5.
6.
7.

(14 comharra)

4. Tha rudeigin ceàrr ann an cuid de na seantansan a leanas ach tha feadhainn eile ceart gu leòr. Cuir ceart an fheadhainn a tha ceàrr le bhith gan sgrìobhadh a-mach a-rithist.

- a. Chan eil Ealasaid a' fuireach ann an Lunnainn an-diugh.
- b. Tha fòn-làimhe ùr agam agus 's e Vodaphone a th' ann.
- c. Tha Aonghas Caimbeul tidsear math.
- d. A bheil efeasgar brèagha ann an Inbhir Nis an-dràsta?
- e. Chuala mi gur e manaidsear-banca a th' ann an Iain Mòireach an-diugh.
- f. Tha mi ann an Dùn Èideann agus 's e math dha-rìribh a th' ann.
- g. A bheil e giotàr no piob a tha Sìne a' cluiche anns a' chòmhlán?
- h. Nach eil am prògram sin math?
- i. Tha mi a' smaoinichadh gun robh e deagh bheachd a bh' agad.
- l. Chan e sin an duine ris an robh thu a' bruidhinn a-raoir, an e?

(5 comharran)

Sgrìobh an seo na seantanasan a tha thu a' ceartachadh:

5. Atharraich na seantansan seo le bhith a' cur *Tha iad ag ràdh* no *Chuala mi* no *Tha mi a' smaoinichidh* aig toiseach gach fear, mar a leanas.

- a. Dh'fhuirich Seòras san eilean airson bliadhna.
- b. Cha do dh'ith Iain càil an-diugh.
- c. Òlaidh duine rud sam bith ma bhios am pathadh air.
- d. Fosglaidh a' bhùth aig naoi uairean.
- e. Cha sheall iad ris an telebhisean idir a-nochd.
- f. Cha chreidinn rud sam bith a chanadh Aonghas.
- g. Cha bhuaileadh Seonag an cù idir.
- h. Thilgeadh Anna a-mach an àirneis aosta.
- i. Smaoinichidh Sìne mun turas.
- l. Chì Alasdair an oifis ùr a-màireach.

Sgrìobh an seo iad:

- a. Chuala mi
- b. Tha iad ag ràdh
- c. Tha iad ag ràdh
- d. Chuala mi
- e. Tha iad ag ràdh
- f. Tha mi a' smaoinichidh
- g. Tha mi a' smaoinichidh
- h. Chuala mi
- i. Tha iad ag ràdh
- l. Tha mi a' smaoinichidh

(10 comharran)

6. Atharraich na seantansan a leanas dhan tràth chumhach. Mar eisimpleir:
Nì mi fhèin cèic ma nì thusa briosaidean. > *Dhèanainn fhèin cèic nan dèanadh
tusa briosaidean.* Sgrìobh do fhreagairtean fo na seantansan seo.

- a. Ruigidh mi an taigh aig trì ma ghlacas mi am bus.
- b. Glasaidh mi an doras ma thèid mi a-mach.
- c. Falbhaidh mi a Ghlaschu ma gheibh mi obair ùr.
- d. Leughaidh mi an leabhar ma bhios mi nam aonar.
- e. Iarraidh mi airson barrachd airgid ma dh'fheumas mi.
- f. Èistidh Anna ris an rèidio mas urrainn dhi.
- g. Bheir Sine iasad dhut ma bhios airgead gu leòr aice.
- h. Fuirichidh Mòr còmhla ris a' chloinn ma phàigheas tu i.
- i. Goirtichidh Iseabail a druim ma thuiteas i.
- l. Sgrìobhaidh Alasdair litir ma bheir thu am fiosrachadh dha.

Sgrìobh do fhreagairtean an seo.

- a.
- b.
- c.
- d.
- e.
- f.
- g.
- h.
- i.
- l.

(15 comharra)

7. Seall air na seantansan a leanas. Anns gach paidhir sgrìobhaidh tu an rud a th' anns a' chiad sheantans a-rithist anns an dòigh a tha an dàrna seantans ag iarraidh. Tha toiseach gach dàrna seantans sgrìobhte dhut. Cuir crìoch orra. Dèan cinnteach gu bheil an gràmar ceart. Seachain na facail "...a bhith...".

- a. Bidh mo phiuthar a' togail taigh am-bliadhna.
Bu toigh le mo phiuthar
- b. Bidh Dòmhnall Iain a' ceannach càr ùr.
Bu toigh le Dòmhnall Iain
- c. Cha bhi an còisir a' seinn aig a' chèilidh.
Chan urrainn dhan chòisir
- d. Tha a' chlann a' dol a nighe an làmhan.
Feumaidh a' chlann
- e. Seinnidh Ùna òran dhuibh.
Tha Ùna ag iarraidh
- f. Chan eil na h-oileanaich a' dol a dh'ithe biadh ron chèilidh.
Cha bu toigh leis na h-oileanaich
- g. Ruithidh Màiri air an tràigh a h-uile latha.
Tha Màiri airson
- h. Òlaidh sinn cofaidh an-dràsta.
B' fheàrr leinn
- i. Bidh mo bhràthair a' faighinn obair ùr.
Feumaidh mo bhràthair
- l. Tha mi a' dol a dh'fhalbh air a' bhàta-aiseig.
Tha agam ri

(10 comharran)

8. Crìochnaich na seantansan leis a' ghràmar cheart, mar a leanas:
Sgrìobh do fhreagairtean fo na seantansan.

Mar eisimpleir:

Tha thu a' cur dhan gharaid (e). > Tha thu *ga chur* dhan gharaid.

- a. Bidh na balaich a' cuideachadh (mi).
- b. Cuin a bhios an dotair a' faicinn (thu)?
- c. Ciamar a tha thu a' dèanamh (e)?
- d. Cha bhi sinn a' ceannach (i).
- e. A bheil cuideigin a' fàgail (iad) an seo?
- f. Càite a bheil thu ag ullachadh (e)?
- g. An robh thu fhèin ag òl (i)?
- h. Tha e a' toirt dha (mi) an leabhar.
- i. Bha e glè mhath tachairt ri (thu).
- l. Saoil a bheil iad ag aithneachadh (sinn)?

- a.
- b.
- c.
- d.
- e.
- f.
- g.
- h.
- i.
- l.

(5 comharran)

9. Crìochnaich na seantansan leis a' ghràmar cheart. Sgrìobh do fhreagairtean fo na seantansan.

Mar eisimpleir:

Feumaidh tu cur dhan gharaidh (e). > Feumaidh tu a *chur* dhan gharaidh.

- a. Feumaidh am bus toirt (sibh) a dh'Ùig.
- b. Càite am bu toigh leibh ullachadh (e)?
- c. Carson nach bu toigh leat ithe (iad)?
- d. Cha bu toigh leinn ceannach (i).
- e. Bha mi airson tachairt ri (thu).
- f. Bidh Seumas airson cuideachadh (mi).
- g. Cuin a tha iad ag iarraidh faicinn (thu)?
- h. An robh i ag iarraidh èisteachd ri (sibh)?
- i. Faodaidh tu fhèin òl (i).
- l. Ciamar a tha thu airson dèanamh (e)?

- a.
- b.
- c.
- d.
- e.
- f.
- g.
- h.
- i.
- l.

(5 comharran)